

# Slatan-tomhais

## Cuspairean Sòisealta

Am Màrt 2017

**Am Màrt 2017**

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha Slatan-tomhais air an leasachadh gus soilleireachd a thoirt air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an litearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-Ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiosrachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean, agus taic a chur ri cunbhalachd ann am breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Tha tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail agus cosnadh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha slatan-tomhais air an deilbh gus taic a chur ri conaltradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas cuimseachd, mar mheasadh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Cuidichidh iad le bhith a' cur taic ri modhan measaidh iomlanach tarsainn ionnsachadh. Cha bu chòir an comharrachadh dheth fa leth airson adhbharan measaidh.

Bu chòir do shlatan-tomhais airson litearrachd is àireamhachd an cleachdadh mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc air ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn-obrach;
- amharc agus ais-fhiosrachadh bho ghnìomhan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir air a' bhlàr a-muigh, air greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhraidhean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

## Slatan-tomhais ann an raointean curraicealam

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de dh'fhiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh gu soilleir, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ìre den churraicealam.

Faodaidh tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, faodaidh Slatan-tomhais taic a chur ri tidsearan speisealach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu bhith cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ìre iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ìre as àirde. Cuidichidh seo le eallach-obrach a sheachnadh a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ìre a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas cùramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

## Litearrachd agus Àireamhachd

Ann an litearrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ìre. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig ìrean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro chiuimseachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiosrachadh tro raon fharsaing de fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:

- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an eòlasan agus builean don ìre;
- dèiligeadh cunbhalach math leis an ìre de **dhùbhlán** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre, agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ìre ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh anns na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus neo-aithnichte.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Shlatan-tomhais aig ìre shònraichte mus gluais iad air adhart chun na h-ath ìre. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sam bith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraichearan anns gach raon den churraicealam.

## Planadh ionnsachadh, teagasg agus measadh a' cleachdadh nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadh Shlatan-tomhais, bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR	PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÉANAR
<ul style="list-style-type: none"> <li>Slatan-tomhais litearrachd agus àireamhachd a chleachdadh gus cuideachadh le sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh ìre, agus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan air an uair a tha an neach-ionnsachaidh air ìre a choileanadh.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraidh air adhartas chloinne.</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Seachain an riatanas a bhith a' tional tuilleadh 's a' chòir de dh'fhianais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh.</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>Slatan-tomhais a chleachdadh gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadh airson nan ath cheumannan dùbhlach ann an ionnsachadh, a phlanadh.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Chan eil adhbhar air breithneachaidhean a dhèanamh air ìrean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cùm ri litearrachd agus àireamhachd.</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na cruthaich dòighean-obrach mì-choltach no mionaideach le sgrùdadh agus tracadh.</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.</li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Na comharraich dheth Slatan-tomhais fa leth.</li> </ul>

## Cuspairean Sòisealta Tràth-Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<p><b>Daoine, tachartasan is co-chomainn san àm a dh'fhalbh</b></p>	<p>Tha fios agam gu bheil diofar sheòrsaichean fianais ann a chuidicheas mi airson faighinn a-mach mun àm a dh'fhalbh. <b>SOC 0-01a</b></p> <p>'S urrainn dhomh ceangal pearsanta a dhèanamh ris an àm a dh'fhalbh le bhith a' rannsachadh rudan no ìomhaighean co-cheangailte ri daoine cudromach no ri tachartasan sònraichte nam bheatha. <b>SOC 0-02a</b></p> <p>Rannsaich mi mar a bha daoine beò san àm a dh'fhalbh, agus chleachd mi cluich mac-meanmnach gus sealltainn mar a bha am beatha eadar-dhealaichte bho mo bheatha fhin agus beatha nan daoine mun cuairt orm. <b>SOC 0-04a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh dà dhiofar sheòrsa fianais as urrainn fiosrachadh a thoirt seachad mun àm a dh'fhalbh, mar eisimpleir, dealbhan, sgeulachdan teaghlaich, fuighill.</li> <li>• Ath-ghairm thachartasan san àm a dh'fhalbh bho am beatha fhèin no bho bheatha an teaghlaich aca, mar eisimpleir, ag ionnsachadh falbh air rothair, pàrtaidh sònraichte.</li> <li>• Tuigsinn gun robh daoine san àm a dh'fhalbh beò ann an dòigh eadar-dhealaichte.</li> <li>• Cleachdadh eòlas air an àm a dh'fhalbh gus diofar a thaisbeanadh eadar am beatha san latha an-diugh agus beatha san àm a dh'fhalbh. Mar eisimpleir, riaghailt-bìdh, dòigh-beatha, aodach.</li> </ul>
<p><b>Daoime, àite is àrainneachd</b></p>	<p>Bidh mi a' rannsachadh agus a' faighinn a-mach mu rudan inntinneach nam àrainneachd ionadail airson barrachd eòlais fhaighinn air an t-saoghal mun cuairt orm. <b>SOC 0-07a</b></p> <p>Tha mi a' rannsachadh agus a' tuigsinn iongnaidhean nàdair ann an diofar àrainneachdan, agus ghabh mi pàirt ann a bhith a' gabhail cùram den àrainneachd. <b>SOC 0-08a</b></p> <p>Tha mi air dòighean mac-meanmhnach fheuchainn a-mach, leithid modaileadh agus tarraing dhealbhan, airson riochdachadh an t-saoghail mun cuairt orm, na tursan air am bi mi a' dol agus na diofar dhòighean sam faod mi siubhal. <b>SOC 0-09a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh fheartan sìmplidh den àrainneachd ionadail, mar eisimpleir, cnoc, abhainn, rathad, rèile.</li> <li>• Comharrachadh diofar dhòighean air tursan a ghabhail.</li> <li>• Nochdadh smuaintean mu dheidhinn nan dòighean siubhail aig a bheil buaidh air an àrainneachd an dà chuid gu deimhinneach is gu h-àicheil.</li> <li>• Labhairt mu dheidhinn rudeigin a tha iad air a dhèanamh airson cùram don àrainneachd.</li> <li>• Tarraing no dèanamh mhodailean sìmplidh mu thaobhan den sgìre ionadail, mar eisimpleir, rathaidean no togalaichean.</li> <li>• Tarraing mapa sìmplidh, no roinn eòlas buntainneach air slighe turais fhurasta, agus am modh còmhdaidh a chaidh a chleachdadh.</li> <li>• Ainmeachadh agus labhairt mu dheidhinn co-dhiù dà</li> </ul>

	<p>Le bhith ag ionnsachadh a-muigh ann an diofar sheòrsaichean sìde, mhìnich mi agus chlàr mi an t-sìde, a buaidh agus mar a tha i a' toirt orm a bhith a' faireachdainn, agus 's urrainn dhomh ceangal a dhèanamh eadar mo chlàradh agus na ràithean.</p> <p style="text-align: right;">SOC 0-12a</p>	<p>dhiofar sheòrsa aimsir.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tarraing dhealbhan airson an aimsir a chlàradh thar trì latha.</li> <li>• Toirt iomradh air mar a tha an aimsir a' toirt buaidh air na gnìomhan as urrainn dhaibh a ghabhail os làimh.</li> <li>• Labhairt air mar a tha iad a' faireachdainn mu dheidhinn diofar sheòrsaichean aimsir.</li> <li>• Toirt iomradh air dè an aimsir as coltaiche a bhith co-cheangailte ri gach ràithe.</li> </ul>
<p><b>Daoine sa cho-chomann, eaconamaidh is gnothachas</b></p>	<p>Tha fios agam gun urrainn diofar sheòrsaichean fianais mo chuideachadh airson faighinn a-mach mun t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p style="text-align: right;">SOC 0-15a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh mo choimhearsnachd ionadail, fhuair mi a-mach mu na diofar dhleastanasan a tha aig daoine agus mar as urrainn dhaibh cuideachadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 0-16a</p> <p>Tha mi a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus a' gabhail uallach nam bheatha làitheil agus nam chluiche, a' sealltainn co-fhaireachdainn do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 0-17a</p> <p>Na mo bheatha agus mo chluiche làitheil, tha mi a' dèanamh thaghadhean mu dheidhinn far a bheil mi ag obair, mar a tha mi ag obair agus cò tha ag obair còmhla rium.</p> <p style="text-align: right;">SOC 0-18a</p> <p>Nam bheatha is ann an cluiche mhac-meanmnach, tha mi a' rannsachadh mar a tha bùthan agus seirbheisean ionadail a' toirt dhuinn na tha dhìth oirnn nar beatha làitheil.</p> <p style="text-align: right;">SOC 0-20a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh co-dhiù dà stòr fianais anns a bheil fiosrachadh mun t-saoghal, mar eisimpleir, pàipearan-naidheachd is telebhisean.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù dithis dhaoine a tha a' toirt cuideachadh don choimhearsnachd.</li> <li>• Labhairt mu dhòighean sa bheil gach aon dhe na daoine sin a' cuideachadh.</li> <li>• Gabhail orra dhreuchdan iomchaidh aig àm cluiche mac-meanmhainneach.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù dà dhiofar sheòrsa bùtha no seirbheis a dh'fhaodadh teaghlaichean a chleachdadh, mar eisimpleir, mòr-bhùth no ionad-slàinte.</li> </ul>

## Cuspairean Sòisealta Ciad Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<b>Daoine, tachartasan is co-chomainn san àm a dh'fhalbh</b>	<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil diofar eadar seòrsaichean fianais a thaobh na h-earbsa a ghabhas cur annta, agus 's urrainn dhomh seo a chleachdadh gus ionnsachadh mun àm a dh'fhalbh. <span style="color: #800040; font-weight: bold;">SOC 1-01a</span></p> <p>Le bhith a' rannsachadh àiteachan agus obair-làimhe dhaoine agus gan ceangal ri àm ann an eachraidh, tha mi air eòlas fhaighinn mu na dòighean sam bi sinn a' cuimhneachadh agus a' gleidheadh eachdraidh na h-Alba. <span style="color: #800040; font-weight: bold;">SOC 1-02a</span></p> <p>'S urrainn dhomh fianais a chleachdadh airson cur ri chèile sgeulachd àite no neach a tha ainmeil ann an eachdraidh ionadail. <span style="color: #800040; font-weight: bold;">SOC 1-03a</span></p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar pàirtean de bheatha làitheil dhaoine san àm a dh'fhalbh agus mo bheatha fhìn, a' cleachdadh fianais eachdraidheil no m' eòlas air a bhith ag ath-chruthachadh suidheachadh eachdraidheil. <span style="color: #800040; font-weight: bold;">SOC 1-04a</span></p> <p>An dèidh neach cudromach a thaghadh bhon àm a dh'fhalbh, 's urrainn dhomh bruidhinn mu bhuaidh an gnìomhan, aig an àm sin agus on uair sin. <span style="color: #800040; font-weight: bold;">SOC 1-06a</span></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh an diofar eadar stòr a tha nas earbsaiche agus nach eil cho earbsach.</li> <li>• Tarraing loidhne-tìmh ghoirid agus comasach air dà thachartas no barrachd a lorg air an loidhne san òrdugh cheart.</li> <li>• Cleachdadh fiosrachadh a chaidh ionnsachadh bho stòran airson sgeulachd innse bho àite ionadail no bho neach eachdraidheil fa leth, tro mheadhanan mar dhealbhan-tarraing, modailean no sgrìobhadh.</li> <li>• Dèanamh choimeasan eadar beatha nuadh-aimsireil agus beatha bho uaireigin san àm a dh'fhalbh.</li> <li>• Ainmeachadh figear bhon àm a dh'fhalbh agus toirt bheachdan air an àite aca ann an tachartasan.</li> </ul>
<b>Daoine, àite is àrainneachd</b>	<p>'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air nàdar m' àrainneachd ionadail, agus a mhìneachadh agus a riochdachadh, le bhith a' rannsachadh feartan na cruth-tìre. <span style="color: #800040; font-weight: bold;">SOC 1-07a</span></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tarraing no dèanamh modail de fheartan sa chruth-tìre ionadail aca, mar eisimpleir, cnoc, abhainn, togalach.</li> <li>• Comharrachadh dòigh sa bheil an sgoil a' coimhead às dèidh na h-àrainneachd aca.</li> </ul>

	<p>'S urrainn dhomh smaoineachadh air dòighean air coimhead às dèidh mo sgoile no mo choimhearsnachd, agus 's urrainn dhomh daoine eile a bhrosnachadh gus coimhead às dèidh na h-àrainneachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-08a</p> <p>An dèidh rannsachadh a dhèanamh air na diofar bhiadhan a thig à Alba, 's urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach 's a tha na diofar sheòrsaichean àiteachais ann a bhith a' faighinn nam biadhan sin.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-09a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh mo choimhearsnachd agus na buidhnean a tha innte, 's urrainn dhomh diofar sheòrsaichean taigheadais aithneachadh agus mar a tha iad a' coileanadh fheuman.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-11a</p> <p>Le bhith a' cleachdadh diofar ionnsramaidean, 's urrainn dhomh an t-side a thomhas agus a chlàradh agus bruidhinn mu bhuaidh na side air mo bheatha.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-12a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh shònaichean gnàth-shìde timcheall an t-saoghail, 's urrainn dhomh coimeas agus mìneachadh a dhèanamh mu bhuaidh na gnàth-shìde air rudan beò.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-12b</p> <p>An dèidh cruth-tìre mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh innse mu na diofar dhòighean a tha am fearann air a chleachdadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-13a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh àrainneachd nàdarrach a tha eadar-dhealaichte bho m' àrainneachd fhìn, 's urrainn dhomh faighinn a-</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh co-dhiù dà mhodh tuathanachais ann an Alba agus biadhan co-cheangailte riutha sin, mar eisimpleir, àiteachail, bainne no aoghaireil.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù dà dhiofar sheòrsa taigheadais agus an seòrsa teaghlaicean a dh'fhaodadh a bhith a' fuireach annta.</li> <li>• Cleachdadh ionnsramaidean airson co-dhiù dà dhiofar sheòrsa eileamaid den aimsir a thomhas agus a chlàradh, mar eisimpleir, teothachd, uisge, àird na gaoithe.</li> <li>• Cur ri deasbad agus nochdadh bheachdan reusanaichte air mar a tha an aimsir a' toirt buaidh air beatha.</li> <li>• Tighinn gu dà cho-dhùnadh a thaobh mar a tha nithean beò ag atharrachadh a rèir na h-aimsire ann an àite sònraichte sam bith.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù trì diofar dhòighean air a bheil fearann ga chleachdadh san sgìre ionadail, mar eisimpleir, bùithtean, taighean, tuathanachas.</li> <li>• Tighinn gu co-dhiù dà cho-dhùnadh a thaobh nam buadhan a tha air a bhith aig a' chruth-tìre air mar as urrainn do dhaoine a chleachdadh, mar eisimpleir, fàsach, coille-uisge.</li> <li>• Tarraing mapa bunasach airson turas aithnichte.</li> </ul>
--	--	--



	<p>mach mar a tha buaidh aig na feartan fiosaigeach air diofar rudan beò.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-13b</p> <p>Tro obair nam sgìre, tha mi air mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite a thoirt air adhart. 'S urrainn dhomh mapaichean den sgìre a dhèanamh agus a chleachdadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-14a</p>	
<p><b>Daoine sa cho-chomann, eaconamaidh is gnothachas</b></p>	<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil seòrsaichean fianais eadar-dhealaichte a thaobh na h-ìre gum faodar earbsa a chur annta, agus 's urrainn dhomh seo a chleachdadh ann an ionnsachadh mu chùisean an latha an-diugh sa choimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-15a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidh mun diofar eadar m' fheuman-sa agus m' iarrtasan seach feadhainn dhaoine eile mun cuairt orm.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-16a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh nan dòighean sa bheil sinn a' cleachdadh agus a' feumachdainn riaghailtean, 's urrainn dhomh smaoinichadh air còirichean agus uallaichean, agus bruidhinn mun fheadhainn a tha a' buntainn riumsa dhiubh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-17a</p> <p>Ghabh mi pàirt ann an dèanamh cho-dhùnaidhean, agus smaoinich mi air na diofar roghainnean a tha ann airson co-dhùnaidhean a dhèanamh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-18a</p> <p>Tha mi air tuigse fhaighinn mu cho cudromach 's a tha comainn ionadail ann an coileanadh feuman na coimhearsnachd ionadail agam.</p> <p style="text-align: right;">SOC 1-20a</p> <p>'S urrainn dhomh obrachadh a-mach na dh'fheumas mi de</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh stòr de fhianais earbsach agus mì-earbsach.</li> <li>• Comharrachadh fheumalachdan is iarrtasan a' cleachdadh eisimpleirean bho an eòlas fhèin.</li> <li>• Taisbeanadh beachd fiosraichte air còraichean is dleastanasan a' cleachdadh an eòlais fhèin.</li> <li>• Tighinn gu co-dhùnaidhean fiosraichte air cùis, an dèidh èisteachd ri càch.</li> <li>• Ainmeachadh dà bhuidheann ionadail a tha a' solarachadh do fheumalachdan sa choimhearsnachd ionadail, agus a' toirt iomradh air na tha iad a' dèanamh.</li> <li>• Taisbeanadh sgilean àireamhachd buntainneach airson buidseat sìmplidh a dhèanamh.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù dà dhiofar sheòrsa obair agus toirt seachad adhbhar gu bheil gach aon dhiubh a' cur ri soirbheachadh a' ghnòthachais no na h-iomairt.</li> </ul>

dh'airgead gus nithean a cheannach, a' tuigsinn gur dòcha nach bi an-còmhnaidh gu leòr airgid agam airson na rudan a tha mi ag iarraidh a cheannach.

SOC 1-21a

Tha mi air eòlas a chur air na diofar obraichean co-cheangailte ri ruith iomairt gnothachais, agus tha mi a' tuigsinn àite gach neach na shoirbheachadh.

SOC 1-22a

## Cuspairean Sòisealta Dàrna Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<p><b>Daoine, tachartasan is co-chomann san àm a dh'fhalbh</b></p>	<p>'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-01a</p> <p>'S urrainn dhomh fianais eachdraidheil a mhìneachadh bho dhiofar amannan, airson mo chuideachadh a' faighinn dealbh cheart de dhualchas na h-Alba agus den òrdugh anns an do thachair rudan.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-02a</p> <p>'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a-mach mar a tha tachartasan àraidh no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h-Alba.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-03a</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar dòigh-beatha an t-sluaigh san àm a dh'fhalbh agus na mo latha fhìn, agus pàirt a ghabhail ann an còmhraidh air na dòighean sa bheil iad coltach agus aocoltach ri chèile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-04a</p> <p>'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cleachdadh ciad agus dàrna stòr fianais ann an sgrùdadh mun àm a dh'fhalbh.</li> <li>• Suidheachadh tachartas gu h-ìomchaidh taobh a-staigh loidhne-tìm eachdraidheil.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù dà dhòigh sa bheil tachartasan no gnìomhan dhaoine no bhuidhnean fa leth san àm a dh'fhalbh, air co-chomann na h-Alba a chumadh.</li> <li>• Toirt iomradh agus a' deasbad air co-dhiù trì ionannachdan is diofaran eadar am beatha fhèin agus beatha sa cho-chomann a dh'fhalbh.</li> <li>• Cur dà phuig no barrachd ris an deasbad (ann an cruth sam bith) a thaobh gu bheil daoine agus tachartasan bhon àm a dh'fhalbh, cudromach.</li> <li>• Suidheachadh nan daoine is nan tachartasan sin air loidhne-tìm.</li> </ul>
<p><b>Daoine, àite is àrainneachd</b></p>	<p>'S urrainn dhomh na prìomh fheartan ann an cruth-tìre na h-Alba innse, agus mìneachadh mar a chaidh an cruthachadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-07a</p> <p>'S urrainn dhomh na pròiseasan fiosaigeach ann am mòr-thubaist nàdarraich a mhìneachadh, agus bruidhinn mun bhuaidh air</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh co-dhiù trì feartan de chruth-tìre na h-Alba agus comasach air mìneachadh bunasach a thoirt air mar a tha iad sin air an cumadh.</li> <li>• Toirt iomradh air adhbharan airson mòr-thubaist nàdair mar bholcàno, crith-thalmhainn no tachartas aimsire</li> </ul>

	<p>daoine agus air a' chruth-tìre.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-07b</p> <p>'S urrainn dhomh bruidhinn mun bhuidh aig obair dhaoine air an àrainneachd agus molaidhean a dhèanamh air mar as urrainn dhuinn a bhith beò ann an dòigh a tha nas cùramaiche dhan àrainneachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-08a</p> <p>'S urrainn dhomh smaoinichadh air a' bhuannachd agus air a' chall a bhiodh an cois plana airson leasachadh cleachdadh-fearainn, agus bruidhinn air a' bhuidh a bhiodh aig an seo air a' choimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-08b</p> <p>An dèidh rannsachadh a dhèanamh air na dòighean sam faodar a dhol air turas, 's urrainn dhomh smaoinichadh air na tha math agus dona mu na diofar sheòrsaichean còmhdhail, a' bruidhinn mun bhuidh aca air an àrainneachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-09a</p> <p>An dèidh mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn diofar àitean airson fuireach, obair agus fois, agus àitean inntinneach airson tadhal.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-10a</p> <p>Le bhith a' coimeas mo sgìre ionadail ri sgìre eile nach eil coltach rithe taobh a-muigh Bhreatainn, 's urrainn dhomh prìomh fheartan side agus gnàth-shìde a rannsachadh, a' bruidhinn mun bhuidh aca air rudan beò.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-12a</p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha an àrainneachd fhiosaigeach a' toirt buaidh air na dòighean sam bi daoine a' cleachdadh an fhearainn, le bhith a' dèanamh coimeas eadar mo sgìre ionadail agus àite nach eil coltach rithe.</p>	<p>anabharrach.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Toirt iomradh air buaidh na mòr-thubaist nàdair, a' toirt co-dhiù trì eisimpleirean a thaobh dhaoine agus aon a thaobh cruth-tìre. Faodaidh a' bhuidh a bhith deimhinneach no àicheil.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù trì buaidhean de ghnìomh daonna air an àrainneachd.</li> <li>• Moladh co-dhiù trì dòighean sam faod daoine a bhith beò ann an dòigh a tha nas cunntachail a thaobh na h-àrainneachd.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù dà bhuannachd agus dà anacothrom an lùib moladh leasachaidh air cleachdadh fearainn.</li> <li>• Rannsachadh gu labhairteach no ann an sgrìobhadh, co-dhiù dà bhuidh air a' choimhearsnachd.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù ceithir dòighean san urrainnear tursan a ghabhail.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù aon bhuannachd is aon anacothrom an lùib gach seòrsa còmhdhail.</li> <li>• Roinn eòlas gu labhairteach no ann an sgrìobhadh, mun bhuidh aig diofar sheòrsaichean còmhdhail air an àrainneachd.</li> <li>• Taisbeanadh fiosrachadh ann an dòigh sam bith as fheàrr mun sgìre ionadail, a' gabhail a-steach ainmean-àite ionadail, dà phrìomh fhastaiche/seòrsaichean cosnaidh, mar eisimpleir, ionadan fònaidh, tarraingeachdan ionadail, goireasan chur-seachadan.</li> <li>• Dèanamh coimeas is iomsgaradh eadar diofar bhuidhean na h-aimsire air na daoine agus air a' cho-chomann ann am Breatainn agus air sgìre eadar-dhealaichte, a' toirt co-dhiù trì ionannachdan agus/no diofaran.</li> <li>• Toirt mìneachadh mun adhbhar gu bheil an àrainneachd fhiosaigeach ionadail aca a' toirt buaidh</li> </ul>
--	--	---

	<p style="text-align: right;">SOC 2-13a</p> <p>Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhineachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t-saoghal mhòr.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-14a</p>	<p>air an dòigh sam bith daoine a' cleachdadh fearann ann an coimeas ri sgìrean iomsgarach.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tarraing fiosrachadh à barrachd na aon seòrsa mapa..</li> <li>• Lorg ainmean mòr-thìrean, ainmean dhùthchannan, prìomh bhailtean-mòra, aibhnichean is rèilichean air mapaichean de dh'Alba, an RA, an Roinn Eòrpa agus àiteachan nas fhaide air falbh.</li> </ul>
<p><b>Daoine sa cho-chomann, eaconamaidh is gnothachas</b></p>	<p>'S urrainn dhomh fianais a thaghadh airson cùisean sòisealta, poiliteigeach agus eaconamach an latha an-diugh a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-15a</p> <p>S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha feuman buidhne nam choimhearsnachd ionadail a' faighinn taic.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-16a</p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thional agus a chleachdadh mu nàdar leth-bhreith an aghaidh dhaoine ann an coimhearsnachdan, agus smaoinichadh air a' bhuaidh a tha aige seo air beatha dhaoine.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-16b</p> <p>'S urrainn dhomh bruidhinn air cùisean a thaobh nan diofar chultaran, luachan agus chleachdaidhean nar coimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-16c</p> <p>'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air prìomh fheartan deamocrasaidh agus bruidhinn air còirichean agus uallaichean shaoranaich ann an Alba.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-17a</p> <p>'S urrainn dhomh rannsachadh a dhèanamh air taghaidhean agus obair riochdairean aig ìre ionadail, nàiseanta no Eòrpach, airson tòiseachadh air mo thuigse a thoirt air adhart a thaobh mar a tha deamocrasaidh ag obair.</p> <p style="text-align: right;">SOC 2-18a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Taghadh fianais iomchaidh agus ga cleachdadh airson cùis shòisealta, phoiliteigeach no eaconamach, a rannsachadh.</li> <li>• Solarachadh mìneachadh bunasach air mar a ghabhas taic a thoirt do fheumalachdan buidhne sònraichte taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail, a' cleachdadh eisimpleirean buntainneach.</li> <li>• Cleachdadh fianais gus beachd dligheach a chumadh mu bhuaidh leth-bhreith no claon-bhreith air beatha dhaoine, mar eisimpleir, gràin-cinnidh no buaidh in-imrich.</li> <li>• Deasbad ann an cruth sam bith co-dhiù trì cùisean co-cheangailte ri cultaran, luachan is cleachdaidhean nar co-chomann, mar eisimpleir, àite an teaghlach, traidiseanan is gnàth-iomhaigheadh gnèithe.</li> <li>• Toirt iomradh air prìomh fheartan deamocrasaidh.</li> <li>• Comharrachadh cheanglaichean eadar còraichean is dleastanasan.</li> <li>• Taisbeanadh fiosrachadh (ann an cruth sam bith as fheàrr) mu fheartan thaghaidhean ionadail, nàiseanta no Eòrpach agus deasbad air obair an riochdaire iomchaidh.</li> <li>• Dèanamh coimeas agus iomsgaradh eadar dòigh-beatha is cultar saoranaich Alba, an taca ri saoranaich dùthcha eile.</li> <li>• Toirt iomradh air feumalachdan bunasach mac an duine.</li> <li>• Tighinn gu co-dhùnaidhean dligheach a thaobh mar as</li> </ul>

	<p>Le bhith a' coimeas dòigh-beatha agus cultar shaoranaich ann an dùthaich eile ri feadhainn à Alba, 's urrainn dhomh bruidhinn mu na dòighean 's a bheil iad coltach agus aocoltach ri chèile. SOC 2-19a</p> <p>Tro rannsachadh malairt mhoralta, tha mi a' tuigsinn mar a tha feuman bunaitich dhaoine an aon rud air feadh an t-saoghail, a' bruidhinn mun adhbhar carson a tha cuid de dhùthchannan nas comasaiche air na feuman sin a choileanadh na feadhainn eile. SOC 2-20a</p> <p>'S urrainn dhomh bathar agus seirbheisean riatanach aithneachadh, bruidhinn air na diofar dhòighean gus pàigheadh air an son, a' smaoinichadh air na buannachdan agus na cunnartan co-cheangailte ri gach dòigh. SOC 2-21a</p> <p>Le eòlas a chur air stèidheachadh agus ruith gnothachas, 's urrainn dhomh cuideachadh le bhith a' dèanamh thaghaidhean co-cheangailte ri diofar obraichean agus dhleastanasan agus tha mi air measadh cho soirbheachail 's a tha e. SOC 2-22a</p>	<p>urrainn do chuid de dhùthchannan na feumalachdan sin a choileanadh nas fheàrr na feadhainn eile.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh dè am bathar agus na seirbheisean a bhiodh deatamach sa cho-chomann.</li> <li>• Toirt iomradh air na prìomh dhòighean air bathar is seirbheisean a phàigheadh, a' gabhail ris gum faod buannachdan is anacothroman a bhith an lùib gach dòigh.</li> <li>• Toirt iomradh air na buannachdan agus na h-anacothroman an lùib a bhith a' cleachdadh thoraidhean Saor-mhalairt agus solaraichean seirbheis coimhearsnachd leithid aonaidhean creideis.</li> <li>• Comharrachadh nam prìomh fhuincseanan gnothachais leithid toradh, reic, margaideachd is rianachd.</li> <li>• Gabhail àite ann an stèidheachadh no ruith iomairt bheag.</li> <li>• Luachadh soirbheachas na h-iomairt.</li> <li>• Comharrachadh bhuidhnean/iomairtean a bhios agus nach bi a' dèanamh prothaid, a' gabhail a-steach iadsan le seirbheisean an-asgaidh aig ìre lìbhrigidh, mar eisimpleir, slàinte agus foghlam.</li> </ul>
--	---	---

## Cuspairean Sòisealta Treas Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<b>Daoine, tachartasan is co-chomann san àm a dh'fhalbh</b>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air àm ann an eachdraidh a chleachdadh airson fianais a mhìneachadh agus airson beachd fiosraichte a thoirt seachad.</p> <p style="text-align: right; color: #800040;">SOC 3-01a</p> <p>'S urrainn dhomh ceanglaichean a dhèanamh eadar m' ionnsachadh a-nise agus m' ionnsachadh roimhe seo, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn mar a tha daoine agus tachartasan air cuideachadh le cruthachadh Alba mar dhùthaich.</p> <p style="text-align: right; color: #800040;">SOC 3-02a</p> <p>S urrainn dhomh mìneachadh carson a thuinich buidheann dhaoine bhon taobh a-muigh ann an Alba san àm a dh'fhalbh, agus bruidhinn mun bhuaidh a tha air a bhith aca air beatha agus cultar na h-Alba.</p> <p style="text-align: right; color: #800040;">SOC 3-03a</p> <p>S urrainn dhomh mìneachadh ciamar a bha dòighean-beatha, luachan agus beachdan dhaoine san àm a dh'fhalbh coltach agus aocoltach ri chèile, le bhith a' dèanamh coimeas eadar Alba agus coimhearsnachd anns an Roinn Eòrpa no an àite eile.</p> <p style="text-align: right; color: #800040;">SOC 3-04a</p> <p>S urrainn dhomh innse mu na rudan a thug buaidh air prìomh atharrachadh sòisealta, poiliteigeach no eaconamach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh a' bhuaidh a bha aige air beatha dhaoine a mheasadh.</p> <p style="text-align: right; color: #800040;">SOC 3-05a</p> <p>'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuaidh a bha aca, aig an àm</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèanamh coimeas eadar raon de stòrasan fianais bun-sgoile agus àrd-sgoile, gus co-dhiù trì co-dhùnaidhean dligheach a thaisbeanadh mu àm eachdraidheil.</li> <li>• Tarraing air obair a rinneadh roimhe airson mìneachadh simplidh a thoirt air mar a tha daoine agus tachartasan air cur ri leasachadh nàisean na h-Alba. Toirt seachad co-dhiù dà cho-dhùnadh reusanaichte.</li> <li>• Nochdadh co-dhiù dà mhìneachadh simplidh a thaobh mar a thuinich buidheann daoine bho thaobh a-muigh Alba an seo.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù dà bhuaidh a tha in-imrichean air a thoirt air beatha agus cultar na h-Alba.</li> <li>• Toirt cunntas le co-dhiù dà mhìneachadh simplidh air ciamar agus carson a tha an co-chomann air leasachadh ann an diofar dhòighean, a' dèanamh coimeas eadar Alba agus co-chomann eile san Roinn Eòrpa no àiteigin eile.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù trì eileamaidean a chuir ri prìomh atharrachadh sòisealta, eaconamach no poiliteigeach san àm a dh'fhalbh.</li> <li>• Toirt co-dhiù dà bheachd dligheach air a' bhuaidh air beatha dhaoine bho phrìomh atharrachadh sòisealta, eaconamach no poiliteigeach san àm a dh'fhalbh.</li> <li>• Toirt co-dhiù dà bheachd dligheach air na h-adhbharan a bha aca an aghaidh an àm no tachartas atharrachail ann an eachdraidh.</li> <li>• Toirt beachd dligheach air buaidh an tachartais chudromach seo ann an eachdraidh.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù comas air dà adhbhar airson còmhstri san àm a dh'fhalbh, a' cleachdadh mhodhan</li> </ul>

	<p>sin agus on uair sin.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-06a</p> <p>Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh adhbharan a lorg airson còmhstri san àm a dh'fhalbh, agus innse a' bhuidh a bha aige air beatha dhaoine aig an àm sin.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-06b</p>	<p>rannsachaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Taisbeanadh ann an cruth iomchaidh sam bith, co-dhiù dà bhuidh air daoine aig an àm sin.</li> </ul>
<p><b>Daoine, àite is àrainneachd</b></p>	<p>An dèidh pròiseasan a rannsachadh a bhios a' cruthachadh agus a' cumadh nan cruthan tìre, 's urrainn dhomh cunntas a thoirt air a' bhuidh aca air cruthan-tìre sònraichte ann an Alba, san Roinn Eòrpa agus an àitean eile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-07a</p> <p>Aithnichidh mi a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig cùis co-cheangailte ris an àrainneachd, agus nì mi molaidhean fiosraichte mu dhòighean air dèiligeadh ris a' bhuidh seo.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-08a</p> <p>'S urrainn dhomh rannsachadh a dhèanamh air a' ghnàth-shìde, air feartan fiosaigeach agus air rudan beò ann an àrainneachd nàdarra a tha eadar-dhealaichte bhon àrainneachd fhìn, agus mìneachadh a dhèanamh air a' cheangal a tha aca ri chèile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-10a</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar na h-eadar-dhealachaidhean sòisealta agus eaconamach ann an dùthchannan le barrachd agus nas lugha de leasachadh eaconamach, agus 's urrainn dhomh bruidhinn mu dhòighean anns am faodar sin atharrachadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-11a</p> <p>'S urrainn dhomh an ceangal eadar gnàth-shìde agus sìde a rannsachadh, airson a bhith comasach air tuigsinn nan adhbhar airson pàtran sìde ann an sòn gnàth-shìde àraidh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-12a</p> <p>Le bhith a' coimeas tuineachadh agus obair eaconamach ann an</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh nam pròiseasan a tha a' cumadh chruthan-tìre air feadh an t-saoghail.</li> <li>• Toirt mìneachadh sìmplidh air co-dhiù trì pròiseasan an lùib leasachadh air cruth-tìre thaghte sam bith, mar eisimpleir, oirthreach, bholcànach, aibhneach is eighichte.</li> <li>• Toirt mìneachadh sìmplidh air co-dhiù trì builean de chùis àrainneachdail, agus moladh mar a dh'fhaodadh dèiligeadh leis gach aon.</li> <li>• Toirt iomradh air àrainneachd nàdarra a tha diofraichte bhon tè aca fhèin, a thaobh gnàth-shìde, feartan fiosaigeach agus nithean beò.</li> <li>• Toirt mìneachadh sìmplidh air co-dhiù trì ceanglaichean eadar gnàth-shìde, feartan fiosaigeach agus nithean beò san àrainneachd sin.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù trì diofaran sòisealta is eaconamach eadar dùthchannan leasachaidhe is leasachail, mar eisimpleir, reat bàsmhorachd naoineanan, reat litearrachd inbhich (sa cheud), Toradh Nàiseanta lomlan gach pearsa.</li> <li>• Moladh dhòighean sam faodadh na diofaran sin a bhith air an lùghdachadh, agus toirt bheachdan dligheach air cho coltach 's a bhiodh an soirbheachadh.</li> <li>• Taisbeanadh tuigse bhunasach don dàimh eadar aimsir agus gnàth-shìde.</li> <li>• Toirt mìneachadh sìmplidh air pàtran aimsire taobh a-staigh sòn gnàth-shìde thaghte, mar eisimpleir, uisge cuairteachaidh sa choille-uisge.</li> </ul>



	<p>dà chruth-tìre eadar-dhealaichte, 's urrainn dhomh tighinn gu co-dhùnaidhean mu dheidhinn mar a tha buaidh aig cruthan-tìre air obair dhaoine. 'S urrainn dhomh mo cho-dhùnaidhean a mhìneachadh gu soilleir do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-13a</p> <p>'S urrainn dhomh dìofar mhapaichean agus shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlais a chleachdadh, gus co-dhùnaidhean a thional, a mhìneachadh agus a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh raon de fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa agus san t-saoghal mhòr.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Toirt co-dhiù dà mhìneachadh air mar a tha cruthan-tìre a' toirt buaidh air gnìomh daonna, a' cleachdadh raointean iomsgarach.</li> <li>• Ath-sgrùdadh co-dhiù dà stòr grafaigeach simplidh gus fiosrachadh eadar-mhìneachadh agus a thighinn gu co-dhùnadh, mar eisimpleir, mapa no graf.</li> <li>• Cleachdadh sgilean buntainneach teicneòlais didseatach is àireamhachd gus co-dhiù dà stòr dàta eadar-mhìneachadh bho mhapaichean agus siostaman fiosrachaidh grafaigeach.</li> <li>• Lorg fheartan a tha a' sior fhàs iom-fhillte leithid feartan cruth-tìre fiosaigeach a tha diofraichte agus feartan daonna air mapaichean de dh'Alba, an RA, an Roinn Eòrpa agus an saoghal farsaing, mar eisimpleir, cnuic, beanntan, glinn, àireamh-sluaigh.</li> </ul>
<p><b>Daoine sa cho-chomann, eaconamaidh is gnothachas</b></p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas mu chùisean sòisealta, poilitigeach agus eaconomach an latha an-diugh a chleachdadh gus fianais a mhìneachadh agus beachd fiosraichte a chur air adhart.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-15a</p> <p>S urrainn dhomh mìneachadh carson a dh'fhaodadh buidheann a chomharraich mi a bhith a' fulang neo-ionannachd agus 's urrainn dhomh dòighean a mholadh air dèiligeadh ris an neo-ionannachd seo.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-16a</p> <p>Rinn mi coimeas eadar còrichean is uallaichean shaoranaich ann an Alba agus ann an suidheachadh a tha eadar-dhealaichte ri Alba, agus 's urrainn dhomh cunntas a thoirt air, agus tòiseachadh a' tuigsinn, nan adhbharan airson a bheil iad eadar-dhealaichte.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-17a</p> <p>Bruidhinnidh mi mun ìre gu bheil buaidh aig m' fhiosrachadh air mo roghainnean agus air mo cho-dhùnaidhean.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ath-sgrùdadh stòran bunasach fianais leithid pàipearan-naidheachd no suirbhidhean air an cleachdadh ann an argamaidean mu chùisean an latha an-diugh, airson beachd dligheach a chumadh.</li> <li>• A' cleachdadh mhodhan iomchaidh, taisbeanadh beachd fiosraichte air cùis làitheil.</li> <li>• Toirt co-dhiù dà mhìneachadh simplidh air carson a dh'fhaodadh buidheann taghte neo-ionannachd fhulang, mar eisimpleir, gnè, cinneadh/cinnidheachd, aois, ciorram.</li> <li>• Dèanamh dà mholadh reusanaichte no barrachd mu dhòighean sam faodadh dèiligeadh leis an neo-ionannachd seo.</li> <li>• Comharrachadh an còraichean is an dleastanasan fhèin mar shaoranach Albannach agus a' dèanamh coimeas le co-chomann iomsgarach.</li> <li>• Toirt seachad co-dhiù dà mhìneachadh simplidh airson nan diofaran eadar an còraichean is an dleastanasan</li> </ul>

	<p style="text-align: right;">SOC 3-17b</p> <p>Tha mi a' tuigsinn nan dòighean sa bheil co-dhùnaidhean poilitigeach air an dèanamh aig diofar ìrean agus tha mi a' tuigsinn nam feartan a tha a' cumadh nan dòighean seo.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-18a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mar a tha dùthchannan an urra ri chèile agus mar a tha seo a' toirt buaidh air ìrean leasachaidh, a' beachdachadh air an diofar a tha seo a' dèanamh air beatha dhaoine.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-19a</p> <p>An dèidh smaoinichadh air mar a chaidh dèiligeadh ri suidheachadh èiginn eadar-nàiseanta, a thachair bho chionn ghoirid, 's urrainn dhomh cur ri còmhradh mu cho èifeachdach 's a bha seo.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-19b</p> <p>Nuair a tha mi a' gabhail pairt ann an obair iomairt, 's urrainn dhomh ceistean moralta a rannsachadh co-cheangailte ri cleachdadh gnothachais, agus tuigse fhaighinn air mar a tha gnothachasan a' cuideachadh gus feuman a choileanadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-20a</p> <p>S urrainn dhomh co-dhùnaidhean a chur an cèill mu bhuaidh malairt chruinneil aig ìre eadar-nàiseanta air pàtrain agus cùmhnantan obrach ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus ann an àitean eile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-20b</p> <p>Tha mi a' tuigsinn an fheum airson buidseatadh agus airson dòighean aontachadh gus dèiligeadh ri ionmhas, a' smaoinichadh air cothroman tasgaidh, sàbhaladh, cunnartan no feum air iasadan.</p> <p style="text-align: right;">SOC 3-21a</p>	<p>fhèin agus iadsan ann an co-chomann iomsgarach.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharrachadh co-dhiù trì stòran fiosrachaidh aig a bheil buaidh air na dòighean sa bheilear ga f(h)iosrachadh.</li> <li>• Toirt co-dhiù dà bheachd dligheach air na dòighean sam faod roghainnean is co-dhùnaidhean a bhith fo bhuaidh taobhaidh no aibhseachaidh.</li> <li>• Toirt iomradh air àite nan riochdairean taghte agus/no buidhnean aig a bheil buaidh air a' phròiseas co-dhùnaidh poilitigeach aig ìre ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.</li> <li>• Toirt iomradh air nàdar neo-ionann dhàimhean malairt agus a' bhuil air suidheachadh sòisio-eaconamach dhaoine, mar eisimpleir, Saor-mhalairt, Malairt Bhuill-airm.</li> <li>• Tighinn gu co-dhùnaidhean dligheach mu èifeachdas an fhreagairt, mar eisimpleir, NGOan, NATO, UN.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù dà chùis bheusail co-cheangailte ri cleachdaidhean gnothachais, mar eisimpleir, Saor-mhalairt, Aonaidhean Creideis, bancaichean bidh, cunnraidhean uairean neoni, ath-chuairteachadh agus pacaideadh.</li> <li>• Toirt iomradh air mar a tha diofar gnothachasan is bhuidhnean neo-phrothaideach a' cuideachadh le feumalachdan is iarrtasan a riarachadh.</li> <li>• Toirt seachad co-dhiù dà mhìneachadh sìmplidh air an adhbhar gu bheil buidseatadh cudromach do theaghlachan is gnothachasan.</li> <li>• Comharrachadh dhòighean (a' gabhail a-steach dòighean didseatach) air tar-ghnìomhan ionmhasail a stiùireadh agus a chlàradh.</li> <li>• Mìneachadh chosgaisean is bhuannachdan a bhith a' sàbhaladh agus ag inbheisteadh airgid agus cosgaisean is buannachdan an lùib a bhith a' faighinn iasadan airgid.</li> </ul>
--	---	--

		<ul style="list-style-type: none"><li>• Toirt iomradh air agus cleachdadh nan sgilean practaigeach (a' gabhail a-steach sgilean didseatach) air a bheil feum gus cur ri soirbheachadh gnìomh iomairt.</li><li>• Comharrachadh nam buannachdan is anacothroman an lùib malairt eadar-nàiseanta, agus cùisean mu thimcheall aontaidhean malairt saor.</li></ul>
--	--	---

## Cuspairean Sòisealta Ceathram Ìre

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
<b>Daoine, tachartasan is co-chomainn san àm a dh'fhalbh</b>	<p>'S urrainn dhomh stòrasan fianais nach eil ag aontachadh ri chèile a mheasadh airson argamaid a chumail a' dol. <span style="float: right;">SOC 4-01a</span></p> <p>Tha mothachadh agam air mo dhualchas agus air m' àite mar shaoranach Breatannach, Eòrpach no cruinneil, agus 's urrainn dhomh argamaidean a chur air adhart mu cho cudromach 's a tha e spèis a thoirt do dhualchas agus do dhaoine eile, agus cò iad. <span style="float: right;">SOC 4-02a</span></p> <p>Tro bhith a' sgrùdadh bhuidhnean dhaoine ann an coimhearsnachdan roimhe seo a dh'fhuiling neo-ionannachd, 's urrainn dhomh adhbharan airson sin a mhìneachadh, agus measadh ciamar a dhèilig buidhnean no daoine rithe. <span style="float: right;">SOC 4-04a</span></p> <p>'S urrainn dhomh innse mu nàdar nan siostaman creideimh cruinneil a bha an aghaidh a chèile san àm a dh'fhalbh agus beachdan fiosraichte a thoirt seachad air buaidh sin air daoine aig an àm agus bhon uair sin. <span style="float: right;">SOC 4-04b</span></p> <p>'S urrainn dhomh breith reusanta a thoirt air mar a bheir cumhachd buaidh air còrichean is dleastanasan shaoranaich, le bhith a' dèanamh coimeas eadar dòighean-beatha a tha deamocratach agus feadhainn nach eil. <span style="float: right;">SOC 4-04c</span></p> <p>'S urrainn dhomh co-dhùnaidhean a ruighinn agus taic a chur riutha, a thaobh na buaidh shòisealta, phoilitigeach agus eaconamach a bha aig atharrachadh teicneòlais san àm a dh'fhalbh. <span style="float: right;">SOC 4-05a</span></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Taisbeanadh comas air argamaid dligheach mu chuspair eachdraidheil, a chur air adhart.</li> <li>• Toirt seachad co-dhiù dà bheachd dligheach mar thaic don argamaid.</li> <li>• Toirt seachad co-dhiù trì adhbharan le mìneachadh air cudromachd a bhith a' nochdadh spèis do dhualchas is dearbh-aithne chàich.</li> <li>• Tighinn gu co-dhiù trì co-dhùnaidhean reusanaichte mu na h-adhabharan airson neo-ionannachd.</li> <li>• Dèanamh co-dhiù dà argamaid a' gabhail a-steach airson agus an aghaidh mar a tha buidheann no daoine fa leth air dèiligeadh le neo-ionannachd.</li> <li>• Toirt iomradh mionaideach air co-dhiù a dhà de na prìomh fheartan ann an siostaman creideis còmhstritheach is eachdraidheil an t-saoghail.</li> <li>• Taisbeanadh am beachdan fhèin air builean a leithid sin de chòmhstri agus comasach air adhbharan a thoirt seachad air an son.</li> <li>• Dèanamh coimeas is iomsgaradh eadar còraichean is dleastanasan shaoranaich ann an co-chomann de bharrachd agus nas lugha, a' solarachadh co-dhiù ceithir choimeasan.</li> <li>• Comharrachadh buaidh atharrachaidh teicneòlasach le co-dhiù aon de gach fear: buaidhean sòisealta, poilitigeach is eaconamach agus toirt adhbharan airson a' cho-dhùnaidh.</li> <li>• Moladh co-dhiù trì atharrachaidhean a tha air tachairt ann an gnìomhachas na h-Alba.</li> <li>• Toirt seachad co-dhiù dà bhuidh deimhinneach agus àicheil aig na h-atharrachaidhean sin.</li> </ul>

	<p>'S urrainn dhomh na h-atharrachaidhean a mheasadh a ghabh àite ann an gnìomhachas na h-Alba san àm a dh'fhalbh, agus còmhradh mun bhuaidh aca.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-05b</p> <p>Tha mi air sgrùdadh coinneachadh chultaran san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuaidh a bha aige air na coimhearsnachdan ris an robh e a' buntainn.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-05c</p> <p>An dèidh sgrùdadh breithneachail a dhèanamh air tachartas sònraichte eachdraidheil 's urrainn dhomh measadh dè bu chudromaiche de na rudan a thug buaidh air an tachartas.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-06a</p> <p>'S urrainn dhomh beachd fiosraichte a thoirt seachad air mar a dh'atharraich nàdar còmhstri thar ùine, a bhuaidh a thuigsinn agus co-fhaireachdainn a bhith agam ris na daoine a bha na lùib.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-06b</p> <p>'S urrainn dhomh innse mu oidhirpean agus còmhstri eadar-nàiseanta a rèiteach agus sìth a chumail, agus 's urrainn dhomh mo cho-dhùnadh innse a thaobh cho èifeachdach is a bha na h-oidhirpean sin.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-06c</p> <p>Nì mi measadh air a' bhuaidh air daoine, a bha an sàs ann an eisimpleir de leudachadh cumhachd, san àm a dh'fhalbh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-06d</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèanamh mion-sgrùdadh air a' bhuaidh air na co-chomainn bho choinneachadh air cultaran san àm a dh'fhalbh, tighinn gu co-dhiù dà cho-dhùnadh dligheach.</li> <li>• Cleachdadh anailis bhreithneachail gus cudromachd dhàimheach a luachadh de na h-adhbharan a lean gu tachartas eachdraidheil.</li> <li>• Nochdadh beachd leasaichte is reusanaichte mu dheidhinn mar a tha còmhstrithean air atharrachadh rè ùine. Gabhail pàirt smaoinichail ann an deasbad mun bhuaidh orrasan a bha an sàs ann.</li> <li>• Toirt iomradh air co-dhiù dà oidhirp air còmhstrithean eadar-nàiseanta fhuasgladh agus sìth a ghleidheadh. Dèanamh breithneachaidhean reusanaichte mu shoirbheachadh nan ro-innleachdan sin.</li> <li>• Nochdadh co-dhiù trì beachdan dligheach mun bhuaidh orrasan a bha an sàs ann an leudachadh air cumhachd agus buaidh san àm a dh'fhalbh.</li> </ul>
<p><b>Daoine, àite is àrainneachd</b></p>	<p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a bha, agus a tha fhathast, siostaman fiosaigeach a' cumadh uachdar na Talmhainn, le bhith a' measadh am buaidh air seòrsaichean chruthan-tìre eadar-dhealaichte.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Mìneachadh gu mionaideach mar a tha co-dhiù dà sheòrsa cruth-tìre bho air feadh na cruinne, air an cruthachadh.</li> <li>• Luachadh seasmhachd co-dhiù dà phrìomh stòr nàdarra agus mion-sgrùdadh comas bhuilean air gnìomh daonna.</li> </ul>

	<p>'S urrainn dhomh bruidhinn air cho seasmhach is a tha stòrasan cudromach nàdarrach, agus sgrùdadh a dhèanamh air na dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh airson rudan a bhios daoine a' dèanamh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-08a</p> <p>An dèidh measadh a dhèanamh air an àite aig àiteachas ann a bhith a' faighinn biadh agus bun-stuth, 's urrainn dhomh tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta mun bhuidh aige air an àrainneachd agus mu cho seasmhach 's a tha e.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-09a</p> <p>'S urrainn dhomh measadh a dhèanamh air buaidh leasachaidhean bun-structair còmhdhail ann an àite sònraichte, agus 's urrainn dhomh cur ri còmhradh mu shiostaman seasmhach a thoirt air adhart.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-09b</p> <p>'S urrainn dhomh mo thuigse a thoirt air adhart mun cheangal eadar daoine agus an àrainneachd, le bhith ag innse agus a' measadh na buaidh a tha aig obair dhaoine air sgìre.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-10a</p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a thàinig na prìomh fheartan ann an sgìre baile-mòr gu buil ann an Alba no an àite eile, agus 's urrainn dhomh measadh buaidh seo air a' choimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-10b</p> <p>An dèidh obair eaconamach a sgrùdadh, 's urrainn dhomh mìneachadh mar a dh'fhàs e agus measadh a dhèanamh air buaidh atharrachaidh gu h-ionadail agus an àitean eile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-10c</p> <p>An dèidh rannsachadh malairt chruinneil, is urrainn dhomh mìneachadh mar a tha diofar phàirtean den t-saoghal an urra ri chèile agus measadh a dhèanamh air na tha seo a' ciallachadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Luachadh an àite aig àiteachais ann an toradh bidh agus tighinn gu co-dhiù trì co-dhùnaidhean reusanaichte mu na buaidhean àrainneachdail agus mar sin seasmhachd nam modhan sin.</li> <li>• Measadh buaidh leasachaidhean ann am bun-structar còmhdhail ann an àite taghte.</li> <li>• Cur ri deasbad air leasachadh shiostaman so-sheasmhach.</li> <li>• Toirt iomradh air agus tighinn gu co-dhiù trì co-dhùnaidhean dligheach mun bhuidh aig gnìomh daonna air àite taghte.</li> <li>• Mìneachadh gu mionaideach mar a tha àite bailteil taghte sam bith air leasachadh, agus luachadh na buaidh air a' cho-chomann.</li> <li>• Mìneachadh buaidh gnìomh eaconamach ann an àite taghte agus air a thaobh a-muigh.</li> <li>• Mìneachadh eadar-eisimeileachd dhùthchannan is àiteachan an t-saoghail agus measadh na buaidh air solaraichean, caitheadairean agus an àrainneachd, mar eisimpleir, pàigheadh ìosal agus damaist àrainneachdail ann an dùthchannan a tha a' leasachadh.</li> <li>• Mìneachadh mar as urrainn smachd air stuthan amh cudromach buaidh a thoirt air cumhachd is buaidh eadar-nàiseanta stàitean, mar eisimpleir, ola.</li> <li>• Faighneachd agus freagairt cheistean mu bhuidhean structaran àireamhan-sluaigh san àm ri teachd air Alba agus air sgìre iomsgarach.</li> <li>• Comharrachadh co-dhiù trì bagairtean an lùib prìomh shònaichean gnàth-shìde agus mion-sgrùdadh mar a tha na bagairtean sin a' toirt buaidh air an dòigh-beatha.</li> <li>• Labhairt mu bhuidh agus comas bhuilean bho</li> </ul>
--	---	--

	<p>do luchd-solarachaidh, luchd-cleachdaidh agus dhan àrainneachd.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-11a</p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha an dòigh a tha stòrasan nàdarraich air an sgaoileadh agus air an riaghladh a' buntainn ri cumhachd agus buaidh eadar-nàiseanta stàitean.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-11b</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar structar sluaigh ann an Alba agus ann an dùthaich nach eil coltach rithe, agus beachdan fiosraichte a chur an cèill mu na bhios seo a' ciallachadh san àm ri teachd do na coimhearsnachdan sin.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-11c</p> <p>Aithnichidh mi na cunnartan a tha a' bagairt air na prìomh shònaichean ghnàth-shìde, nam measg atharrachadh sa ghnàth-shìde, agus 's urrainn dhomh sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha na cunnartan sin a' toirt buaidh air an dòigh-beatha.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-12a</p> <p>'S urrainn dhomh rannsachadh cruinn-eòlais a dhèanamh airson measadh na buaidh a tha aig atharrachadh gnàth-shìde air sgìre shònraichte, agus ro-innleachdan a mholadh gus a' bhuaidh seo a shlaodachadh no a thilleadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-12b</p> <p>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn sìde agus gnàth-shìde le bhith a' mìneachadh a' cheangail eadar sìde agus bruthadh èadhair.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-12c</p> <p>'S urrainn dhomh mapaichean spèisealta agus siostaman fiosrachaidh cruinn-eòlais a chleachdadh, gus pàtrain de obair dhaoine agus de phròiseasan fiosaigeach aithneachadh.</p>	<p>atharrachadh gnàth-shìde air àite taghte agus moladh ro-innleachdan reusanaichte gus a' bhuaidh a shlaodachadh no a stad.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Mìneachadh cheanglaichean eadar aimsir agus bruthadh èadhair.</li> <li>• Luachadh diofar sheòrsaichean mhapaichean, agus riochdachaidhean cruinn-eòlasach de fhiosrachadh gus deasbad fhiosrachadh air co-dhiù trì cuspairean.</li> </ul>
--	--	---

<p><b>Daoine sa cho-chomann, eaconamaidh is gnothachas</b></p>	<p>SOC 4-14a</p>		
	<p>'S urrainn dhomh seòrsaichean fianais a tha an aghaidh a chèile a mheasadh airson taic a chur ri argamaid.</p>	<p>SOC 4-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Deasbad na h-ìre gum bu chòir daoine fa leth, buidhnean no an stàit feumalachdan dhaoine a choileanadh, no iarrtas airson bathar is seirbheisean a bhrosnachadh.</li> </ul>
	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidh mun ìre gum bu chòir feuman dhaoine a bhith air an coileanadh leis an stàit no leis gach neach fhèin.</p>	<p>SOC 4-16a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Togail air buaidh cùis shòisealta, mar eisimpleir, bochdainn agus taisbeanadh nan seasamhan acasan air a bheil buaidh.</li> </ul>
	<p>Tro chòmhradh, thagh mi pàirt de cheist shòisealta airson a rannsachadh, agus le bhith a' tional fiosrachadh 's urrainn dhomh measadh na buaidh aice agus beachd nan daoine air a bheil i a' bualadh.</p>	<p>SOC 4-16b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Mìneachadh leasachadh air co-chomann ioma-chultarach agus cur air adhart beachd reusanaichte mu na cùisean co-cheangailte ris, mar eisimpleir, buaidh in-imrich.</li> </ul>
	<p>S urrainn dhomh na feartan a sgrùdadh a chuidicheas gu coimhearsnachd iomadh-chultarach a thoirt gu buil, agus beachd fiosraichte a thoirt seachad mu chùisean co-cheangailte ri seo.</p>	<p>SOC 4-16c</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèanamh mìon-sgrùdadh air cudromachd dàimheach an tabhartais bho dhaoine fa leth no bho bhuidhnean strì ann an toirt atharrachadh gu buil ann an tachartas poilitigeach cudromach.</li> </ul>
	<p>'S urrainn dhomh sgrùdadh breithneachail a dhèanamh air cho cudromach 's a tha buaidh dhaoine no bhuidhnean, an coimeas ri chèile, ann a bhith ag adhbhrachadh atharrachadh ann an tachartas sònraichte poilitigeach.</p>	<p>SCO 4-17a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Luachadh àite nam meadhanan ann an deamocrasaidh agus measadh a chudromachd ann a bhith a' fiosrachadh agus toirt buaidh air saoranaich, agus mìneachadh nan co-dhùnaidhean acasan aig a bheil a' chumhachd.</li> </ul>
<p>'S urrainn dhomh measadh a dhèanamh air àite nam meadhanan ann an deamocrasaidh agus air cho cudromach 's a tha iad ann a bhith a' toirt fiosrachadh do shaoranaich is a' toirt buaidh orra, agus 's urrainn dhomh mìneachadh co-dhùnaidhean dhaoine aig a bheil cumhachd.</p>	<p>SCO 4-17b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèanamh coimeas agus iomsgaradh eadar dà smaoineasachd chruinneil agus mar a tha e a' toirt buaidh air beatha dhaoine.</li> <li>• Luachadh na buaidh a tha aig buidhnean co-dhùnaidh air beatha an t-sluaigh ann an sgìre thaghte sam bith.</li> <li>• Cur air adhart bheachdan fiosraichte mu chudromachd a bhith com-pàirteachadh ann an deamocrasaidh agus adhbharan airson dìth com-pàirteachaidh le cuid de bhuidhnean.</li> </ul>	
<p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar dà chreud mhòr airson beachd fiosraichte a chur an cèill air mar a tha creudan</p>		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cur ri deasbad air gnìomhan is adhbharan buidheann sònraichte a tha a' sireadh ri amasan a choileanadh ann an dòighean nach eil deamocratach.</li> </ul>	



	<p>den t-seòrsa sin a' toirt buaidh air beatha dhaoine.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-17c</p> <p>'S urrainn dhomh measadh buaidh nam buidhnean aig a bheil cumhachd co-dhùnaidh air beatha dhaoine ann an Alba, no an àitean eile.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-18a</p> <p>S urrainn dhomh deasbad mu na h-adhbharan nach eil cuid a dhaoine a' gabhail uimhir a phàirt sa phròiseas taghaidh, agus beachdan fiosraichte a chur an cèill mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an deamocrasaidh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-18b</p> <p>S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradh mu obair agus adhbharan buidhne no comainn a tha a' sireadh gus an amasan a choileanadh ann an dòigh nach eil deamocratach.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-18c</p> <p>'S urrainn dhomh beachd fiosraichte a thoirt seachad air mar a dh'fhaodas leudachadh cumhachd agus neart dhùthchannan no bhuidhnean buaidh a thoirt air cultaran, beachdan agus beatha dhaoine.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-19a</p> <p>Le bhith a' sgrùdadh àite agus obair chomainn eadar-nàiseanta, shònraichte, 's urrainn dhomh measadh cho èifeachdach 's a tha iad ann a bhith a' coileanadh an amasan.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-19b</p> <p>'S urrainn dhomh sgrùdadh breithneachail a dhèanamh air mar a dh'fhaodas cuid de fheartan eaconamach buaidh a thoirt air daoine, gnothachasan no coimhearsnachdan.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-20a</p> <p>'S urrainn dhomh adhbharan agus feartan bhuidhnean prìobhaideach, poblach agus saor-thoileach a rannsachadh, airson cur ri còmhradh mu an dàimh ris na daoine a tha iad a'</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Taisbeanadh beachd fiosraichte air mar a dh'fhaodas leudachadh air cumhachd is buaidh dhùthchannan is bhuidhnean buaidh a thoirt air cultaran, seasamhan agus na h-eòlasan acasan a tha na lùib.</li> <li>• Luachadh èifeachdas bhuidhnean eadar-nàiseanta taghte sam bith, mar eisimpleir, an UN, NATO no an t-Aonadh Eòrpach ann an coileanadh an amasan.</li> <li>• Dèanamh sgrùdadh breithneachail air mar as urrainn do co-dhiù trì eileamaidean eaconamach buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean is giùlanan dhaoine fa leth, gnothachasan no coimhearsnachdan.</li> <li>• Eisimpleireadh adhbharan is feartan diofar bhuidhnean roinneil: prìobhaideach, poblach is treas roinn.</li> <li>• Cur ri deasbad mun dàimh eadar na buidhnean sin agus an luchd-ùidhe, a' tuigsinn an tabhartais an lùib giùlanan tionnsgaineach agus iomairteach.</li> </ul> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Luachadh co-dhiù dà dhòigh obrach a tha rim faotainn le cosnaichean ag obair taobh a-staigh diofar sheòrsaichean de bhuidhnean gnothachais.</li> <li>• Luachadh freagarrachd co-dhiù dà dhiofar roghainn ionmhais a tha rim faotainn airson stèidheachadh agus cur taic ri raon de dhiofar sheòrsaichean gnothachais.</li> <li>• Clàradh agus mion-sgrùdadh fiosrachadh ionmhasail mar chuideachadh do dhaoine fa leth agus gnothachas ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean ionmhasail iomchaidh.</li> <li>• Luachadh an àite aig co-dhiù trì diofar roinnean is luchd-obrach a thaobh an tabhartais ann an soirbheachadh no fàilligeadh a' ghnòthachais.</li> <li>• Comharrachadh eileamaidean air an taobh a-staigh 's an taobh a-muigh a tha a' toirt buaidh air planadh is co-dhùnaidhean, agus luachadh mar a tha na co-dhùnaidhean sin a' cur ri soirbheachadh no fàilligeadh</li> </ul>
--	---	--

	<p>frithealadh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-20b</p> <p>'S urrainn dhomh cleachdaidhean obrach a mheasadh a tha fosgailte do luchd-obrach ann an diofar sheòrsaichean ghnothachasan</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-20c</p> <p>'S urrainn dhomh measadh dè cho freagarrach 's a tha roghainnean ionmhais a tha ann airson diofar sheòrsaichean ghnothachasan a chur air chois is a chumail a' dol.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-21a</p> <p>An dèidh beachdachadh air feuman ionmhais dhaoine agus ghnothachasan, 's urrainn dhomh fiosrachadh agus sgrìobhainnean mu ionmhas a mheasadh, ullachadh is a shealltainn airson cuideachadh le dèanamh cho-dhùnaidhean iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-21b</p> <p>Le bhith a' rannsachadh mar a tha gnothachas air a ruith, 's urrainn dhomh bruidhinn mu àite roinnean agus na sgioba, a' measadh mar a tha iad a' cur ri adhartas no dìth adhartais a' ghnothachais.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-22a</p> <p>Aithnichidh mi na feartan, a-muigh is a-staigh, aig a bheil buaidh air planadh is co-dhùnaidhean agus 's urrainn dhomh measadh a dhèanamh air mar a tha iad sin a' cur ri adhartas no dìth adhartais ghnothachasan.</p> <p style="text-align: right;">SOC 4-22b</p>	<p>ghnothachasan.</p>
--	---	-----------------------